


SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



Seall air na Builgean


**Seall air na builgean,
A h-aon, a dhà, a trì,
Siabann gan dèanamh,
Anns an amar tha mi!**

**Seall air na tunnagan,
A h-aon, a dhà, a trì,
A' cluich còmhla riumsa,
Anns an amar tha mi!**

**Cleachdaidh mi siampù,
A h-aon, a dhà, a trì,
Is dùinidh mi mo shùilean
Anns an amar tha mi!**



SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



**Nighidh mise m' aodainn,
A h-aon, a dhà, a trì,
Cho glan 's a ghabhas,
Anns an amar tha mi!**

**Boiseag leis an spong,
A h-aon, a dhà, a trì,
Splis, splais, splois,
Anns an amar tha mi!**

**Tog mi às an uisge,
A h-aon, a dhà, a trì,
Abair àm spòrsail,
Anns an amar bha mi!**



**Faclan & fonn le Eilidh NicCarmaig.
Air a ghabhail le Eilidh Nic a' Phì.
Ceòl-taice le Barry Reid.
Clàraichte le Barry Reid,
Rosecroft Studio.**

